

# Buidheann- Obrach Air Bàrdachd

*le  
Mairead NicIomhair*

Anns an dà sheisean air bàrdachd thèid beachdachadh còmhla ri chèile air na leanas:

- Taghadh bàrdachd a thathas a’ meas freagarrach do gach ìre anns an àrd-sgoil.
- Leantalachd bho ìre a’ chiad bhliadhna gu ìre na siathamh bliadhna.
- Eisimpleirean agus beagan stiùiridh air mar is urrainn a’ bhàrdachd a chaidh a thaghadh a bhith air a cleachdadh anns a’ chlas.
- Ciamar a b’ urrainn do bhàrdachd obrachadh an lùib Curraicealam airson Sàr Mhathais.
- Thèid bualadh air dòighean teagaisg, ach cha tèid cus cuideam a chur orra a chionn ’s gu bheil tidsearan gu math mothachail air dè as fheàrr a thig air na sgoilearan aca fhèin agus dè as fheàrr a dh’obraicheas dhaibhsan.

Tha min dòchas gum faigh sibh feumail e.

*Mairead NicIomhair*

*Oilthigh Obar Dheathain  
An Dàmhair 2011*

*Bàrdachd anns a' chiad agus an dara bliadhna:*

### **A' Chiad agus an Dara Bliadhna**

A thaobh bàrdachd fhreagarrach airson nan ìrean seo, tha an taghadh a gheibhear ann an SEADH gu math freagarrach oir tha measgachadh math de bhàrdachd ann agus deagh stiùireadh air mar is urrainn a chleachdadh a thaobh faireachdainnean, ìomhaigheachd, samhraidhean, cainnt, ruitheam agus mar sin air adhart. Nam bheachd-sa, bhiodh obair sam bith air a dhèanamh leis a' bhàrdachd seo na dheagh bhun-stèidh airson nam bliadhnaichean sgoile air thoiseach.

Anns a' bhuidheann-obrach thèid coimhead ri cuid den bhàrdachd ann an SEADH agus gheibhear beachdan bhon luchd-teagaisg a thaobh dè a' bhàrdachd a chleachdadh iadsan aig na h-ìrean seo.

### **An Treas Bliadhna**

Chan eil a' chùis cho buileach furasta aig an ìre seo oir feumar a' bhliadhna seo fhaicinn mar dhrochaid eadar na tràth ìrean anns an àrd-sgoil agus na h-ìrean as àirde. Cuideachd, air a' bhliadhna seo thathas a' tòiseachadh air beachdachadh agus air obair folios airson nan deuchainnean. Mar sin, feumar togail gu susbainteach air an obair a rinneadh anns a' chiad dà bhliadhna agus feuchainn ri tuigse agus breithneachadh nan sgoilearan a neartachadh mu choinneamh iarrtasan na h-Ìre Choitcheann.

Thèid togail air an taghadh a leanas mar eisimpleirean a-mhàin air an t-seòrsa bàrdachd a b' urrainn a chleachdadh oir tha mi glè mhothachail gum faod bàrdachd a bhith gu math pearsanta. Chan eil ceart no ceàrr ann agus thig a h-uile tidsear gu an co-dhùnaidhean fhèin agus nì iad an taghadh a rèir nan diofar shuidhichidhean a bhios fan comhair.

Feumar a ràdh cuideachd nach eil an stiùireadh mu choinneamh gach pìos idir air fhaicinn mar stiùireadh iomlan. A-rithist, chan eil ann ach beagan stiùiridh agus beachdan air mar b' urrainn am pìos a bhith air a chleachdadh. Bidh na tidsearan iad fhèin gu math ealanta a thaobh

mar bu chòir bàrdachd a chleachdadh mu choinneamh iarrtasan nan deuchainnean.

Airson na treas bliadhna thagh mi an cuspair **fuadaichean** agus **eilthireachd**. Am measg nithean eile tha mi a' dol a bheachdachadh air a' bhuidhe a bh' aige air daoine, coimhearsnachdan, dualchas agus eachdraidh na Gàidhealtachd, na h-Alba agus na Gàidhlig.

Bidh na h-uimhir de dh'fhiosrachadh aca mu thràth mu fuadaichean agus mu shluagh a bhith a' gluasad agus a bhith a' fàgail na dùthcha, eadhon ged a tha mi mothachail gum bi fiosrachadh a bharrachd ri thoirt dhaibh airson cuid de na puingeann a dhèanamh nas fhasa dhaibh a thuigsinn. Tha na làraich-lìn aig a' BhBC, Am Baile agus Tobar an Dualchais glè mhath a thaobh seo.

A thuilleadh air co-theacsa làidir thagh mi an cuspair seo a chionn 's:

- gu bheil e a' togail agus a' dùsgadh mòran fhaireachdainnean air an urrainn dhuinn bruidhinn anns a' chlas agus togaidh sin air an obair a rinn na sgoilearan ann am B1/B2.
- gu bheil an cuspair cho aithnichte, chan ann a- mhàin ann an eachdraidh nan Gàidheal, ach cuideachd ann an eachdraidh Alba. Cuidichidh seo le bhith a' còmhradh ris a' chlas mu ghluasadan sluaigh, gu h-àraidh ro-làimh. Tha seo a' bualadh air a' bhaile mhòr cho math ris a' bhaile bheag. Bidh e inntinneach mar eisimpleir, faighinn a-mach cia mheud aig a bheil càirdean thar sàile, dè tha gam fàgail an sin? Am faca iad a-riamh iad? Dh'fhaodadh bruidhinn cuideachd air na th' againn de dh'òrain Ghàidhlig a dh'èirich a-mach à daoine a bhith a' fàgail na dùthcha agus dh'fhaodte beachdachadh air carson a tha seo. Dh'fhaodte togail cuideachd air gur e seo toiseach tòiseachaidh A' Chèilidh mar is aithne dhuinn an-diugh e agus a-rithist beachdachadh air carson tha seo? Dè a' chiall a th' aig an fhacal "ceilidh?" Dè an t-eòlas a th' aca air eilthireachd anns an

21mh linn? A bheil gluasad sluaigh a' dol air adhart fhathast?  
Dè a' bhuidheann a th' aige, ma tha?

- gu bheil e math airson a bhith a' coimhead, chan ann a-mhàin ri stoidhlean agus dòighean sgrìobhaidh eadar-dhealaichte, ach cuideachd ris na dòighean eadar-dhealaichte a th' aig bàird airson a bhith a' beachdachadh air an aon chuspair. Cuidichidh seo le bhith a' dèanamh coimeas eadar bàird, ma bhios an ùine ann sin a dhèanamh. Leudaichidh seo beachdan nan sgoilearan a thaobh bàrdachd.

A' chiad pìos bàrdachd ris a bheil mi dol a choimhead 's e *Srath Nabhair* le Ruaraidh MacThòmais.

- Ged nach eil e fada tha seo air aon de na pìosan bàrdachd as cumhachdaiche a th' againn air na fuadaichean anns an 20mh linn. Tha e a' togail air eachdraidh agus air na thachair ann an Cataibh rè àm nam fuadaichean fo stiùireadh Phàdraig Sellar.
- Tha am bàrd a' cur far comhair gu làidir, agus gu geur, feallsanachd do-chreidsinneach a leig don leithid tachairt. Tha e a' dèanamh seo le bhith a' toirt dhuinn ìomhaighean a tha a' dol calg-dhìreach an aghaidh a chèile, mar eisimpleir: *a' bhliadhna thugh sinn an taigh le bleideagan sneachda*. Dè tha seo a' ciallachadh agus dè an seòrsa buaidh a th' aig an innleachd sgrìobhaidh seo air an leughadair?
- Chì sinn e a' daingneachadh an aon sgil sgrìobhaidh seo le bhith a' cleachdadh faclan a' Bhìobaill airson cur an cèill dhuinn cho aingidh agus a tha an rud a thachair do shluagh a bha a' cur earbsa anns a' Bhìoball. A-rithist, dè cho freagarrach agus a tha an innleachd seo agus ciamar a tha e a' toirt ort smaoinachadh gu domhainn mun chuspair?
- Is urrainn coimhead air brìgh nam faclan a tha e a' cleachdadh tron bhàrdachd airson a theachdaireachd a chur an cèill, agus is urrainn coimhead ri na diofar ìomhaighean agus fhaireachdainnean làidir a tha na faclan sin a' togail nar n-inntinn.
- Is urrainn coimhead cuideachd ris na faclan ann an seadh bàrdachd a thaobh uaim, fuaiméal, msaa agus dè cho èifeachdach agus a tha iad airson brìgh agus faireachdainn na bàrdachd a thoirt a-mach.

'S e pìos glè làidir cuideachd a th' anns an dara pìos bàrdachd ris a bheil mi a' dol a choimhead ged a tha e gu math eadar-dhealaichte: *Na h-Eilthirich* le Iain Mac a' Ghobhainn.

Annas a’ phìos seo tha am bàrd a’ beachdachadh air an àireamh mhòr de dhaoine a dh’fhàg an dùthaich airson a dhol thar sàile gu Canada. Tha sinn a’ faicinn sgil a’ bhàird tro na samhlaidhean agus na h-ìomhaighean iongantach a tha e a’ cleachdadh airson a theachdaireachd a chur an cèill. B’ urrainn togail air na leanas anns a’ phìos seo:

- *An liuthad* soitheach – tha daoine a’ falbh cho tric agus nach mòr nach eil na Gàidheil a’ gabhail ri eilthireachd mar phàirt dem beatha – saoil an e seo a tha e a’ ciallachadh leis na faclan sin? No, a bheil iad nas làidire na seo?
- Carson *sgiathan geala*?
- Carson a tha e ag ràdh gu bheil na bàtaichean mar *neapaigearan nar cuimhne*?
- Dè th’ ann an sàl agus dè an ceangal a tha eadar sin agus deòirean? Carson a tha e toirt iomradh idir air *deòirean*?
- Dè an samhla a tha e a’ toirt do na seòladairean? Saoil nach eil an samhla seo a’ toirt far comhair a’ cheangail làidir a tha am bàrd a’ faicinn eadar eilthireachd agus òrain Ghàidhlig?
- ’S e ìomhaigh gu math làidir a bha riamh anns a’ ghealaich do na Gàidheil a bha air falbh bhon dachaigh. Saoil carson? Dè na diofar shamhlaidhean agus ìomhaighean a tha am bàrd a’ cleachdadh airson na gealaich anns a’ bhàrdachd seo? Beachdaich air dè cho math agus a tha iad nad bheachd-sa.
- Dè an diofar mìneachaidh a th’ air an fhacal *gathan*? Dè tha iad a’ ciallachadh an seo? A bheil am facal freagarrach a chleachdadh? Carson *gathan goirte*?
- Dè tha am facal *sruthadh* a’ ciallachadh agus carson a tha e freagarrach a chleachdadh an seo?
- Dè cho èifeachdach agus a tha na briathran a chleachd am bàrd tron bhàrdachd air fad? Dè am feum a tha am bàrd a’ dèanamh de uaim, fuaimelas agus ruitheam?
- Carson a tha thu a’ smaoinichadh a chleachd e an stoidhle sgrìobhaidh le measgachadh de loidhnichean fada agus loidhnichean goirid?

- Dè na faireachdainnean as làidire a tha a’ tighinn troimhe dhutsa anns a’ bhàrdachd seo?

Tha an treas pìos bàrdachd, *Bàs Baile* a sgrìobh *An t-Urr Iain MacLeòid*, gu math eadar-dhealaichte bhon an dà phìos eile anns a’ chumadh, an stoidhle agus an dòigh sgrìobhaidh a tha am bàrd a’ cleachdadh. Is urrainn beachdachadh mar chlas air na h-eadar-dhealaichidhean sin.

A thaobh na bàrdachd seo is urrainn cuideachd beachdachadh air na leanas:

- Tha am bard ag innse sgeulachd a tha a’ tighinn bho fhèin-fhiosrachadh. Mar sin, ged nach do dh’fhàg esan am baile, tha e ga fhaicinn fhèin mar fhear a bha thall ’s a chunnaic, agus mar sin tha e fhèin mar phàirt den sgeulachd. Tha seo eadar-dhealaichte bhon dithis eile.
- Tha e a’ stèidheachadh na bàrdachd air àm gu math sònraichte ann an eachdraidh a’ bhaile aige, Arnol, ann an Leòdhas. Bhiodh e toiseach nam 1920an, an dèidh a’ chiad chogaidh. Bhiodh esan air a bhith eadar 9-10 bliadhna dh’aois aig an àm.
- Gu mì-fhortanach, mar a tha fios againn, an uair a stad an cogadh ann an 1918 agus a thill na saighderan dhachaigh, cha d’ fhuair iad an saoihbheas a ghealladh dhaibh agus b’ e bochdainn a fhuair iad mar dhuais. (an 8mh rann). Tha MacLeòid a’ toirt iomradh air a’ bhochdainn seo agus a’ tarraing dealbh gu math drùidhteach eadar an fheadhainn aig an robh a’ bheirteas agus muinntir a’ bhaile, aig nach robh ach bochdainn, agus a’ mhì-thuigse a bh’ ann gan taobh. Ach, ged a bha iad bochd bha iad fhathast modhail agus pròiseil.
- Tha a’ mhì-thuigse tha seo eadhon a’ bualadh air creideamh, agus far am biodh dùil ri truas agus cobhair, b’ e dìmeas agus magaireachd a fhuair iad na àite.
- Mar a chì sinn bhon chiad ran, bha na daoine mu thràth air fuadachd fhulang, agus mar sin tha an dà chuid fuadachd agus

eilthireachd againn anns a’ phìos seo. Dh’fhaodte togail air a bheil diofar eadar na dhà.

- Mar a chì sinn bhon t-6mh agus bhon t-7mh ran, bha iad cuideachd a’ fulang bho uimhir de dhaoine a chall anns a’ chogadh agus an sin tro thubaist na h-Iolaire. (Is ann an sin a chaidh athair a’ bhàird a chall mar a tha e ag innse dhuinn anns a’ bhàrdachd aige **Banntrach Cogaidh**).
- B’ e am *magic lantern* air a bheil e a’ toirt iomradh a’ chiad rud a b’ fhaicge air film a thàinig do na h-eileanan, ged nach b’ e dealbhan gluasadach a bh’ annta. Bhiodh companaidhean imrich a’ tighinn do na bailtean a shanasachd cho mìorbhaileach agus a bha dùthchannan mar Canada. Bhiodh iad a’ reic grian is pailteas ris an t-sluagh – rud a bha gu math tarraingeach an uair a bha daoine cho bochd. Ann an dòigh, b’ e toiseach tòiseachadh cumhachd agus tarraing nam meadhanan dealbhach a thathas a’ faicinn an seo.
- Mar sin chaidh na ceudan de dh’òigridh a thàladh a-mach às a’ bhaile aige, an dà chuid balaich agus nigheanan, agus anns an rann mu dheireadh tha e a’ dèanamh luaidh air a’ bhuaidh a bh’ aig an eilthireachd seo air a’ bhaile aige.
- Mar a tha fios againn, bhiodh na companaidhean a’ cur bhàtaichean air dòigh airson na daoine a ghiùlan thar sàile an-asgaidh, agus anns an rann mu dheireadh tha sinn a’ tuigsinn gur e am Marloch a thug air falbh muinntir a’ bhaile aige. Tha fios againn gun do dh’ fhàg An SS Marloch Canadian Pacific, Glaschu anns a’ Ghiblean 1924 – bliadhna an dèidh A’ Mhetagama agus bliadhna ron An SS Canada. Bha mu 300 air bòrd gach aon aca – a’ mhòr-chuid dhiubh nan eileanaich òga nach robh riamh air an t-eilean fhàgail gu siud.
- Tha ìomhaigh gu math làidir aig a’ bhàrd ga chleachdadh anns an rann mu dheireadh an uair a tha e ag ràdh *aig tiodhlacadh daoine beò* agus an sin *An oidhche sin bhàsaich am baile*. Carson a tha e ag ràdh sin? Cò bh’ air fhàgail anns a’ bhaile aige a-nis? Dè a’ bhuaidh a bh’ aig an eilthireachd seo air coimhearsnachdan? Air a’ Ghàidhlig? Air dualchas na Gàidhlig? An canadh tu gu bheil a’ bhuaidh seo gar leantainn fhathast no a bheil sinn air faighinn thairis air? Nam biodh eachdraidh air a bhith eadar-dhealaichte

agus na daoine air fuireachd, am biodh a' Ghàidhlig, na coimhearsnachdan, na h-eileanan agus an dùthaich againn eadar-dhealaichte an diugh? Ciamar?

- An canadh tu gun do ghabh an eilthireachd seo àite le cead nan daoine fhèin seach nach do ruaig duine air falbh iad? A bheil thu a' smaoinichadh gun robh iad deònach falbh no an deach am fuadachd? Dè an seòrsa faireachdainn a tha thu a' smaoinichadh a bh' aca a' falbh?
- A' rannsachadh air ais anns an teaghlach agad fhèin, an do dh'fhalbh duine a bhuineadh dhutsa air na bàtaichean sin? Tha duine no dithis beò fhathast a dh'fhalbh air na bàtaichean sin. Nam faiceadh tu duine dh'fhalbh orra dè, a' cheist no na ceistean a chuireadh tu air/oirre?
- A bheil diofar sheòrsachan eilthireachd ann?
- Is urrainn coimhead ris a' chànan a tha am bàrd a' cleachdadh agus dè cho èifeachdach agus a tha e, mar eisimpleir, *ged bha muir fiadhaich, bha tràigh fialaidh; dh'fhalbh litir am Beurla bhriste.*
- Carson a chleachd e faclan mar *shlaod* anns a' chiad rann agus dè tha e a' ciallachadh an uair a tha e ag ràdh *Bha 'm murt ud laghail?*
- Carson a tha ceistean mar *Dè 'n cron a bh'ann?* cudromach do theachdaireachd na bàrdachd?
- An lorg iad fuaiméalais? Càite? Carson a tha cuid de na rannan nas giorra? A bheil seo èifeachdach?

An dèidh na trì pìosan a dhèanamh, (nam biodh tìde ann) b' urrainn coimhead orra rithist agus bruidhinn air mar a tha iad eadar-dhealaichte mar bhàrdachd. Dè na seallaidhean eadar-dhealaichte a thug iad dhuinn air a' chuspair? B' urrainn beachdachadh cuideachd air ciamar a chuidich iad na sgoilearan le barrachd tuigse a thoirt dhaibh air na fuadaichean agus air eilthireachd.

[Dh'obraicheadh sgeulachd ghoirid mar Am Maor glè mhath leis a' chuspair seo.]

## An Ceathramh Bliadhna

Annas a' bhliadhna seo tha cuideam nan deuchainnean a' bualadh nas làidire, agus feumar na sgoilearan ullachadh a rèir nam feumalachdan sin. Tha mi mothachail cuideachd gu bheil iad nas sine agus gum feumar bàrdachd a lorg a tha a' dol a thoirt barrachd dùbhlain dhaibh. Airson an tuilleadh leantalachd agus adhartais a thoirt dhan ionnsachadh aca, bu mhath leam an t-eòlas a th' aca air bàrdachd Ghàidhlig a neartachadh agus a leudachadh tro bhith a' beachdachadh air cuspair eadar-dhealaichte, agus mar sin tha mi a' taghadh bàrdachd a tha a' dèiligeadh ri **cùisean sòisealta**.

Tron a' cho-theacsa seo is urrainn dhomh tarraing làidir a dhèanamh air nithean a bha gu math sònraichte ann an **dòigh beatha, dualchas agus eachdraidh nan Gàidheal**. Mar sin 's e co-theacsa gu math beairteach a tha seo. A thuilleadh air an sin fighidh e glè mhath ris a' chuspair a rinn iad air an treas bliadhna.

Tha mi a' dol a choimhead air dà phìos bàrdachd gu sònraichte:

*Clann-Nighean an Sgadain* le Ruaraidh MacThòmais  
agus

*Do Mo Mhàthair* le Iain Mac a' Ghobhainn

## *Clann-Nighean an Sgadain le Ruaraidh Mac Thòmais*

'S e pìos bàrdachd gu math cumhachdach a tha seo a th' air a ghrunnachadh ann an gnìomhachas an iasgaich a bha uair cho cudromach, cha b' ann a mhàin do eaconamaidh na Gàidhealtachd, ach cuideachd do ghnìomhachas Alba agus na Roinn Eòrpa. Anns a' bhàrdachd seo tha an t-iasgach air fhaicinn bho thaobh obair nam boireannach a bha cho cudromach airson gnìomhachas an iasgaich a chumail a'dol, gu h-àraidh anns na bliadhnaichean bho 1850 suas gu 1940 an uair a ghairmeadh an dara cogadh. Bhiodh deagh eòlas aig a' bhàrd air a' chuspair oir rugadh e ann an 1921 an uair a bhiodh obair an iasgaich aig àirde. Bhiodh e gu math coltach gun robh a mhàthair fhèin an sàs anns an obair seo aig àm air choreigin. Mura bitheadh, bhiodh cuideigin eile às an teaghlach aige an sàs ann oir bha e cumanta do co-dhiù aon neach às gach teaghlach a bhith aig obair an iasgaich airson airgead a dhèanamh dhan teaghlach agus dhan dachaigh.

Airson an tuilleadh tuigse a thoirt do sgoilearan chleachdainn an leabhar sònraichte sin *Clann-Nighean an Sgadain le Tormad C Dòmhnallach agus Leslie Davenport*. 'S e fìor leabhar math a tha seo, agus ged a dh'fhaodadh an cànan a bhith doirbh do na sgoilearan, is urrainnear paragrafan air leth a shònrachadh a bheir am barrachd tuigse dhaibh dhan chuspair. Mar eisimpleir is urrainn àireamhan staitistigeil a lorg mar:

1862 – 900 bàta ag iasgach a-mach à Steòrnabhagh a- mhàin a' toirt obair do 4,500 iasgair.

1873 – 90,000 baraillean sgadain air an lìonadh eadar Loch Baghasdail agus Bàgh a' Chaisteil a-mhàin a' toirt obair do 1,466 boireannach.

Tuarastal àbhaisteach nam boireannach – mu £2- £3 gach mìos.

Dè tha na h-àireamhan sin ag innse dhuinn? Cò tha an sàs an-diugh ann an giullachd èisg?

**Eisimpleirean de cheistean agus puingeann còmhraidh a dh'fhaodadh togail orra sa chlas:**

- Tha ìomhaigheachd agus samhlaidhean na mara cho tric air an cleachdadh ann an litreachas na Gàidhlig agus anns a' chiad rann tha sinn a' coimhead a' bhàird gu h-innleachdach a' leantainn ris an seo. Beachdaich air na leanas agus mìnich dè cho èifeachdach agus a tha iad:

*an gàire mar chraiteachan salainn  
's na sùilean cho domhainn ri fèath.*

- Dè an diofar a tha eadar *sàl* agus *picil* ann an loidhne 3 agus carson a tha thu a' smaoinichadh a tha am bard a' cleachdadh na dhà?
- Carson a bha am bàrd ag ràdh gun robh na meuran aca goirid agus cruinn?
- Coimhead ris na buadhairean a tha am bàrd a' cleachdadh airson mìneachadh nan làmhnan aca an uair a bhios iad a' làimhseachadh leanaibh: *socair, cuimir, seasgair, fallain*. Ciamar a tha na faclan sin a' dèanamh coimeas ris na faclan a tha e a' cleachdadh a thaobh na h-obrach anns a bheil iad an-dràsta an sàs? Carson, saoil, a tha e airson an coimeas sin a tharraing?
- Tha a' chiad dà loidhne ann an rann 2 gu h-àraidh làidir. Dè tha e a' ciallachadh le *bun-os-cionn na h-eachdraidh*? An smaoinich thu air tachartas(an) sam bith a dh'adhbhraich seo ann an eachdraidh rè an àm a bha an t-iasgach aig àirde no roimhe sin?
- Dè th' ann an *tràilleann*? Dè na h-ìomhaighean a tha am facal seo a' togail? Mìnich carson a tha am bàrd ga chleachdadh? Dè cho èifeachdach agus a tha e an seo?
- Dè a' Bheurla a chuireadh tu air *ciùrairean cutach*? Dè tha am bàrd a' feuchainn ri innse dhuinn tro na briathran sin? Carson a tha na briathran seo freagarrach agus cho èifeachdach?
- *thall 's a-bhos air Galltachd 's an Sasainn*

Lorg anns an leabhar na prìomh phuirt-iasgaich dom biodh na boireannaich a' dol air feadh Bhreatainn agus beachdaich air an t-siubhal a bhiodh iad a' dèanamh ann a bhith a' leantainn an sgadain agus carson a bha iad ga dhèanamh.

- Bha a' chlann-nighean pàighte a rèir agus cia mheud baraille a lìonadh iad. Dè na faclan tha ag innse dhut nach robh am pàigheadh a fhuair iad glè mhath? Carson a tha e a' cleachdadh nam faclan sònraichte sin?
- Carson a tha thu a' smaoinichadh a tha am bàrd a' cleachdadh *geur air an craiceann an àite fuar air an craiceann*? A bheil diofar eatarra?
- *is eallach a' bhochdainn nan ciste*  
Dè an ìomhaigh a tha na briathran seo a' togail?  
Coimhead anns an leabhar agus lorg dè na rudan a bha na boireannaich ag ràdh a bhiodh iad a' toirt leotha anns na màileidean aca nuair a bhiodh iad a' fàgail na dachaigh?
- Dè cho làidir agus a tha an ìomhaigh *an teud briste*? Carson a tha e cho freagarrach an seo?
- Dè tha na briathran *is mura b' e an gàire* ag innse dhut mu chlann-nighean an sgadain?
- Anns an rann mu dheireadh tha MacThòmais a-rithist a' cleachdadh an fhacail *craiteachain*. Carson a tha e a' dèanamh seo? An e nach smaoinich e air facal eile? Dè cho èifeachdach agus a tha e ga chleachdadh an dara uair?
- Dè tha an treas rann ag innse dhut mu spiorad nam boireannach? Carson a bha seo cudromach?
- Dè th' ann an *cutag* agus ann an *slisinn* agus dè an seagh anns a bheil am bàrd gan cleachdadh ann an rann 3? Dè an t-adhbhar a th' aige an cleachdadh mar seo?
- Na do bheachd-sa, carson a bhiodh an Gall a' fanaid orra?
- Beachdaich air carson nach eil e ceart a bhith a' fanaid air daoine air sgàth cultar, cànan, coltas no eile agus an t-adhbhar an-diugh nach eil sin cèadaichte.
- Dè am faireachdainn no na faireachdainnean as làidire a tha a' tighinn troimhe dhutsa anns a' bhàrdachd seo agus minich carson a tha thu den bheachd seo?
- Beachdaich air an sgrìobhadh seo mar bhàrdachd – dè cho èifeachdach agus a tha e na do bheachd fhèin.

## *Do Mo Mhathair le Iain Mac A' Ghobhainn*

An “overwhelming presence.” Sin mar a mhìnich Iain C Mac a' Ghobhainn buaidh a mhàthar air a bheatha agus is ann còmhla ris a bhàsaich i ann an 1969. Chan eil e na iongnadh mar sin gun sgrìobhadh e bàrdachd dhi. Ach, chaidh am pìos bàrdachd seo a sgrìobhadh greis mus do bhàsaich i oir nochd e anns an leabhar **Bìobuill is Sanasan-Reice** a chaidh fhoillseachadh ann an 1965.

B' e beatha chruaidh a bh' aig a mhàthair oir bha i na bantraich a' togail ceathrar chloinne o bha Iain trì bliadhna a dh'aois. Tha fiosrachadh mar sin cuideachail airson a bhith a' tuigsinn nam faireachdainnean làidir a th' air cùl na bàrdachd seo.

**Ciamar a tha e a' fighe a-staigh don chuspair agam air gnothaichean sòisealta?**

**A bheil e ro phearsanta airson a bhith freagarrach?**

Nam bheachd fhìn, mar **Clann-Nighean An Sgadin** tha a' bhàrdachd seo cuideachd a' togail air bochdainn agus cor sòisealta an t-sluaigh aig àm sònraichte nan eachdraidh. Tha e eadar-dhealaichte a chionn 's gu bheil sinn a' faicinn an t-suidheachaidh tro shùilean pearsanta a' bhàird. Tha e eadar-dhealaichte cuideachd a chionn 's gu bheil e a' toirt foghlam a-steach air a' chùis agus an diofar a rinn foghlam an uair a fhuair an sluagh cumanta cothrom air aig àrd ìre. Bha iad a' coimhead air foghlam mar an dòigh a b' fheàrr air faighinn a-mach às a' bhochdainn anns an robh iad, agus chan eil teagamh nach do rinn e sin do mhòran. Do I C Mac a' Ghobhainn, thug e cothrom air leth dha a thàlant an a ghleusadh agus a chleachdadh agus air sgàth sin dh'fhàs e gu bhith na bhàrd ainmeil, inbheil. Cha do chaill e riamh cuimhne air cho fortanach agus a bha e an taca ris an fheadhainn nach d' fhuair riamh an cothrom seo. Cha do chaill e riamh cuimhne air a' chothrom a thug a mhàthair dha air foghlam oilthigh fhaighinn an uair a dh'fhaodadh i a bhith air iarraidh air a dhol a-mach a dh'obair a chosnadh airgead dhan dachaigh mar a bha feadhainn eile a' dèanamh.

Na bhàrdachd, tha Mac a'Ghobhainn a' beachdachadh air an eadar-dhealachadh mhòr a bha eadar a bheatha fhèin agus an seòrsa beatha a

bh' aig a mhàthair aig aois. Tha fios againn gun robh ise aig obair an sgadain agus chì sinn cho làidir agus a tha am bàrd a' cleachdadh ìomhaighean agus samhlaidhean clann-nighean an sgadain airson a theachdaireachd a chur an cèill. Chan eil e na iongnadh mar sin gum faic sinn anns a' bhàrdachd seo na h-aon fhaclan a' togail agus a bh' aig MacThòmais. Nam bheachd fhìn, bhiodh an dà phìos seo math airson coimeas a dhèanamh eadar dà bhàrd agus dà phìos bàrdachd.

Mar sin, leis a' bhàrdachd seo, cho math ri coimhead air gu mionaideach mar phìos bàrdachd fa leth, bhithinn-sa cuideachd airson beachdachadh air ann an solas Clann-Nighean an Sgadain. Bhiodh seo feumail airson leudachadh am beachdan a thaobh gnè bàrdachd agus stoidhle agus dòighean sgrìobhaidh nan diofar bhàrd.

Mar sin dhèanainn na leanas:

- Sgrùdadh na bàrdachd seo agus Clann-Nighean an Sgadain a thaobh cànan, fhaclan, samhlaidhean agus ìomhaighean mara. Dè lorgas iad a tha coltach ri chèile?
- Dhèanainn sgrùdadh cuideachd a thaobh faireachdainnean agus bhithinn a' faighneachd dè am faireachdainn as làidire tha a' tighinn troimhe anns a' bhàrdachd seo – a' cuimhneachadh gu bheil Mac a' Ghobhainn a' faireachdainn uabhasach ciontach a thaobh an t-seòrsa beatha mhath a fhuair esan an coimeas ri a mhàthar. Dh'fhaodte bruidhinn air cho cudromach agus a tha e cothrom air foghlam a bhith ann don mhòr-shluagh – don duine bho chd cho math ris an duine bheairteach.
- Choimheadainn cuideachd air an liut a th' aig a' bhàrd airson a bhith a' fighe cànan agus ìomhaighean na mara a-steach do shaoghal an fhoghlaim anns a bheil e fhèin an sàs agus sgrùdainn carson a tha e a' dèanamh seo?
- Bhiodh e inntinneach cuideachd sùil a thoirt air stoidhle na bàrdachd – cho traidiseanta agus a tha e na riochd agus na ruitheam, ach chan eil anns an dòigh anns a bheil e a' cur fheallsanachd fhèin an cèill. Carson tha seo? A bheil adhbhar ann?
- Tha an rann mu dheireadh glè inntinneach. Mar bu trice bha feadhainn

mar Mac a' Ghobhainn, a fhuair an cothrom falbh gu tìr-mòr airson foghlam fhaighinn, a' faireachdainn gum buineadh iad do dhà shaoghal agus bha iad uabhasach mothachail gun robh iad dà-chànanach. Agus, ged nach robh foghlam a' cur cuideam air Gàidhlig, bha uallach orra gun cailleadh iad ceangal ris an t-saoghal a dh'fhàg iad às an dèidh. Bha iad gu math mothachail air an fhacal, Na dìochuimhnich na daoine bhon tàinig thu. Mar sin sgrùdainn an rann mu dheireadh a thaobh an uallaich a th' air a' bhàrd mun Ghàidhlig agus bheachdaichinn air carson a tha seo?

- Bhiodh e an sin feumail iad beachdachadh orra fhèin mar fheadhainn a tha dà-chànanach. Ciamar a tha iadsan a' faireachdainn mu dheidhinn? A bheil iad coltach ris a' bhàrd no eadar-dhealaichte?

## An Còigeamh/An Siathamh Bliadhna

A' coimhead air bàrdachd aig an Àrd Ìre tha mi gu math mothachail air na leanas:

- Dùbhlann freagarrach a thoirt do na sgoilearan.
- Leantailachd a thoirt dhaibh a tha a' togail air a' bhàrdachd a tha iad air a dhèanamh gu ruige seo.
- Daingneachadh am beachdan air bàrdachd agus an dòigh anns a bheil iad a' coimhead air, a' dèiligeadh ris agus ga tuigsinn.
- Am briathrachas a leudachadh agus na diofar sgilean cànanain a thoirt air adhart.

Le bhith an dòchas na puingeann sin a choilionadh, tha mi a' dol a choimhead air bàrdachd tron a'chuspair **Cogadh** agus 's e bàrdachd a' chiad chogaidh a tha mi a' taghadh.

Mar a tha fios againn bha a' bhàrdachd a dh'èirich às a' chiad chogadh, ann an Gàidhlig (agus ann am Beurla cuideachd) gu math sònraichte a thaobh na feallsanachd, nam beachdan agus na teachdaireachd a bha na bàird a' feuchainn ri chur an cèill. Bha seo a chionn 's gun robh an suidheachadh cho eadar-dhealaichte ri rud sam bith eile a bha an slugh air fhaicinn no air a bhith an sàs ann roimhe.

Bha bàrdachd a' Chogaidh Mhòir cho eadar-dhealaichte bho bhàrdachd cogaidh eile a thàinig roimhe no às a dhèidh airson nan adhbharan a leanas:

- Bha fhathast beò feallsanachd a thaobh a bhith a' glòrachadh cogadh agus a bhith a' dèanamh uail à treubhantas.
- Bha daoine air am beò-ghlacadh leis oir bha iad a' creidsinn cho làidir anns an adhbhar. Mar sin, bha iad ro dheònach falbh a shabaid oir bha iad a' smaoinachadh gum b' e an dleastanas e agus nach maireadh e fada.
- Bha an slugh air leth mothachail air a' chunnart anns an robh

Breatainn agus bha dubh ghràin aca air an armailt chogaidh a bha a' Ghearmailt a' cruinneachadh dhi fhèin.

- B' e cogadh gu math eadar-dhealaichte bha seo oir b' e seo a' chiad chogadh far an deach teicneòlas agus gas a chleachdadh an aghaidh nan saighdearan. B' e innleachdan cogaidh tur eadar-dhealaichte a bhathas a' cleachdadh agus bha na saighdearan aineolach dhaibh.
- Chaidh a' mhòr-chuid den t-sabaid an aghaidh an nàmhaid a dhèanamh ann an trainnseachan fada, salach, làn uisg' is poll, agus cha robh cus cothrom gluasad annta.
- Cha robh còrdadh ro mhath eadar na saighdearan agus an fheadhainn a bha os an cionn mar na seanailearan agus na comann-dairean oir bha na saighdearan a' faireachdainn nach robh cus eòlais aca air innleachdan cogaidh no a bhith a' planadh mu choinneamh a' bhatail.
- Cha robh na saighdearan toilichte le mar a bha sgeulachdan a' chogaidh gan libhrigeadh anns na meadhanan agus air ais don fheadhainn aig an taigh.
- Mar sin, bha iad a' sgrìobhadh an cuid bhàrdachd airson an fhìrinn innse gus am biodh fios aig an fheadhainn a bh' aig an taigh cho fìor uabhasach agus a bha cùisean. Bha iad airson fianais a thogail an aghaidh mar a bha a' tachairt dhaibh.

Gheibhear na puingeann sin air fad ann am bàrdachd Ghàidhlig agus bhithinn-sa airson togail orra, no cò-dhiù air cuid dhiubh, tron bhàrdachd a thaghainn.

Bu mhath leam coimhead air obair dà bhàrd shònraichte Murchadh MacPhàrlain agus Dòmhnall Dòmhnallach no Dòmhnall Ruadh Choruna mar a b' fheàrr a dh'aithnichear e.

## Naoi Ceud Deug 'S A Ceithir Deug – Murchadh MacPhàrlain, Bàrd Mhealaboist

Bha grunnan adhbharan agam airson a' bhàrdachd seo a thaghadh:

1. Tha i a' cur an cèill dhuinn gu soilleir agus gu h-ealanta a' chabhadh a bh' air gillean òga airson falbh a shabaid aig toiseach na ficheadamh linne agus an t-aineolas a bha an lùib am beachdan.
2. Cha robh Murchadh e fhèin anns a' chogadh; bha e ro òg. Ach, air cho òg 's a bha e, chunnaic e dha fhèin a' bhuidhe a bh' aig na bha a' tachairt air a' bhlàr air an fheadhainn a bh' aig an taigh. Mar sin bha tuigse aige air mar a bha iad a' faireachdainn agus an comas sin a chur an cèill tro bhàrdachd.
3. Bha liut agus sgil air leth aig MacPhàrlain airson faireachdainn a chur an cèill tro shùilean chuideigin eile. Anns a' phìos seo tha e a' bruidhinn rinn, chan ann mar am bàrd, ach mar nighean òg às a' choimhearsnachd aige a bha caoidh fear leis an robh i a' falbh agus a thuit anns a' chogadh. 'S e sgil sgrìobhaidh a tha sin air an urrainn togail an uair a thathas a' beachdachadh air stoidhle.
4. B' e Murchadh aon de shàr bhàird na ficheadamh linne. Bha e cho fileanta anns a' chànan agus cho ealanta le faclan agus chithear sin anns a' bhàrdachd aige. Mar sin is urrainn togail air uaim, fuaimealas, ìomhaigheachd, ruitheam agus samhlaidhean.
5. Air cho domhainn agus a bhiodh na smaointean aige, chùm e riamh ri stoidhle a bha gu math traidiseanta na bhàrdachd. Bha seo a chionn 's gun robh e a' creidsinn gur ann leis a' choimhearsnachd a bha a' bhàrdachd agus gum faigheadh iad sealbh air nam biodh e air a sheinn nam measg. Is urrainn togail air an stoidhle agus air an fheallsanachd seo leis a' chlas.
6. Is urrainn coimhead ris mar bhàrd a bha a' sgrìobhadh mu bhuidhe a' chogaidh bho thaobh na coimhearsnachd agus coimeas a dhèanamh eadar e fhèin agus Dòmhnall Ruadh a bha a' sgrìobhadh ro aghaidh a' bhatail.

## *Bàrdachd Cogaidh le Dòmhnall Dòmhnallach*

'S e Dòmhnall Ruadh Choruna am bàrd cogaidh as ainmeile a th' againn ann an Gàidhlig. Ged a sgrìobh e bàrdachd de gach seòrsa, is ann airson na bàrdachd chogaidh aige is fheàrr air a bheil cuimhne air. Mar sin, bhiodh e doirbh beachdachadh air bàrdachd a' chiad chogaidh gun togail làidir a dhèanamh air a' bhàrdachd aige. A' sgrìobhadh à trainnseachan na Frainge, bha bàrdachd Dhòmhnail Ruaidh air a mheas cho math ri bàrdachd cogaidh a gheibheadh tu aig an àm ann an cànan sam bith. Gu dearbh, tha e inntinneach uaireannan a bhith a' dèanamh coimeas ri bàird ainmeil Bheurla mar, Rupert Brook, Wilfred Owen agus Siegfried Sassoon. Thuirt Wilfred Owen, a bhàsaich ann an uairean deireannach a' chogaidh, mu a bhàrdachd fhèin:

“My subject is War and the Pity of War”

“The Poetry is in the Pity”

Sin, mar a tha mise a' faireachdainn gu tric a thaobh bàrdachd Dhòmhnail Ruaidh gu h-àraidh an uair a choimheadas tu air bàrdachd leithid **Tha mi Duilich Cianail Duilich** agus **Air An Somme** cho math ri feadhainn eile a thuilleadh air an sin far a bheil e a' toirt iomradh gu math drùidhteach, onarach air cò ris a bha e coltach a bhith ro aghaidh a' bhatail agus a' coimhead a' bhàis an clàr an aodainn. Tha deagh thaghadh anns a' bhàrdachd aige air am b' urrainn togail. Mar eisimpleir:

Tha **Oran don Chogadh** agus **Dh'fhalbh Na Gillean Grinn** agus **Na Camshronaich san Fhraing** ag innse dhuinn mun dilseachd leis an deach iad an sàs bhon toiseach a dh'aindeoin 's cho guineach agus a bha am batal agus an t-sabaid. Aig amannan is urrainn coimeas a dhèanamh eadar cuid den bhàrdachd sin agus **Naoi Ceud Deug**.

Tha **Òran Arras** gu follaiseach a' nochdadh cho beag diù agus co-fhaireachdainn agus a bh' aig na comann-dairean do na saighdearan agus tha **Òran A' Phuinnsein** a' cur an cèill cho uabhasach agus a bha e a bhith a' toirt ionnsaigh orra anns na trainnseachan le gas. Ged is dòcha

nach seasadh a’ bhàrdachd as giorra leotha fhèin, tha iad an dèidh sin a’ nochdadh dhuinn cho èifeachdach agus a bha Dòmhnall Ruadh mar bhàrd a bha airson gnè a’ chogaidh anns an robh iad an sàs a chur an cèill, agus uallach a’ bhàird gu bhith a’ clàradh na h-eachdraidh dìreach mar a chunnaic agus a dh’fhairich esan.

Anns an dà phìos bàrdachd **Nam Bithinn Mar Ian** (Eun) agus **An Eala Bhàn** chithear am bard a’ falbh na inntinn gu ìomhaighean brèagha, glana, àlainn, gràdhach a bhuineadh don dachaigh. ’S e innleachd a bha seo a bha na saighdearan a’ cleachdadh gu tric airson an reusan a chumail. Chan fhaigheadh iad air falbh ach nan inntinn a-mhàin agus ’s e dà phìos gu math làidir a tha seo a tha a’ togail air na nithean sin bu dlùithe do chridhe agus a’ dèanamh coimeas eadar na dealbhan sin a th’aige na inntinn agus an suidheachadh salach, cruaidh èiginneach anns a bheil e.

Tha ìomhaigheachd agus cànan gu math èifeachdach aige ga chleachdadh anns an dà phìos seo air am b’ urrainn sgoilearan luaidh a th’ ort. B’ urrainn cuideachd coimhead air an ruitheam a chleachd e agus mar a tha e cho eadar-dhealaichte mar eisimpleir ri Air an Somme agus Òran A’ Phuinnsein.

Chleachdainn-sa aon seach aon An Eala Bhàn no Nam Bithinn Mar Ian agus nam biodh an ùine agam choimheadainn ris na dhà seach gu bheil iad sònraichte mar phìosan bàrdachd agus a’ daingneachadh a chèile cho math.

Tha e inntinneach, ged nach cleachdadh I C Mac a’ Ghobhainn an nòs no an stoidhle sgrìobhaidh aig Dòmhnall Ruadh, bha buaidh aig a’ bhàrdachd air an dèidh sin oir thuirt e:

*“Ach a dh’aindeoin sin, an dùraig dhombh innse,  
Thig na deòirean gu mo shùilean  
Nuair a chluinneas mi An Eala Bhàn.”*

Bu chòir do bhàrdachd Mhurchaidh MhicPhàrlain agus Dhòmhnail Ruaidh deagh tuigse a thoirt do sgoilearan air dè tha iad a' lorg ann am bàrdachd a' chiad chogaidh agus liut a' bhàird air sin a chur an cèill ann an dòigh far nach deach cuimhne a chall air aon seach aon aca. Ged a tha faisg air ceud bliadhna bho chaidh a' chiad chogadh a ghairm, tha buaidh làidir fhathast aig a' bhàrdachd seo air coimhearsnachd na Gàidhlig.

## An Siathamh Bliadhna - Sàr Àrd Ìre

Mun àm a ruigeas na h-oileanaich an ìre seo, tha iad air an comasan a dhearbhadh agus mar as trice bidh iad a' coimhead air adhart ri foghlam oilthigh. Mar sin, dh'fheumte rudeigin eadar-dhealaichte a thoirt dhaibh cho math ri rudeigin a tha a' dol a thoirt dùbhlàn dhaibh gus an dòigh smaoinichaidh a thaobh bàrdachd agus eile a ghleusadh. Aig an ìre seo, seach gur e oileanaich chomasach a th' annta, bhithinn-sa a' beachdachadh air rudeigin mar bàrdachd Shomhairle MhicGhill-Eain a thoirt fan comhair. 'S e sin mura do rinn iad sin aig ìre air choreigin eile. Ma rinn, dh'fhaodte coimhead ris a' bhàrdachd cogaidh aig Seòras Caimbeul Hay. Tha i sin gu math dùbhlànach, gu h-àraidh a thaobh cainnt agus ìomhaighean. Ach, air cho doirbh agus a tha i, thogadh an fheallsanachd cogaidh a th' anns a' bhàrdachd a sgrìobh e ann an Afraga mòran comhraidh agus bheachdan, gu h-àraidh ann an solas nan cogaidhean a tha gabhail àite an-diugh ann an dùthchannan cèine.

Choimheadainn gu sònraichte ri dà phìos bàrdachd a sgrìobh Somhairle:

*An Roghainn*

agus

*Latha Foghair*

## *An Roghainn le Somhairle MacGill-Eain*

Nochd a’ bhàrdachd seo anns an leabhar ainmeil ud **Dàin do Eimhir** a chaidh fhoillseachadh ann an 1943. Bha a’ bhàrdachd fhèin air a sgrìobhadh na bu tràithe na sin oir choinnich e am boireannach air an tug e Eimhir ann an 1937 agus phòs i ann an 1939. Tha na cinn bhliadhna sin cudromach oir tha iad a’ nochdadh dhuinn gu soilleir an t-àm a thòisich bàrdachd Ghàidhlig a’ gluasad air falbh bhon dòigh thraidiseanta, oir b’ e an leabhar aig Somhairle a’ chiad leabhar bàrdachd a chomharraich an t-slighe a thaobh nua-bhàrdachd ann an Gàidhlig. B’ e Ceum Beurla (leis a’ Chiad Urram) a thug Somhairle a-mach agus tha fios gun robh buaidh aig na bàird Bheurla air a’ bhàrdachd Ghàidhlig aige. Bha an leabhar seo cho eadar-dhealaichte, agus thug e buaidh air iomadh bàrd Gàidhlig an deidh sin – gu leòr a bha fhathast gun am breith aig an àm a dh’fhoillsicheadh an leabhar. Mar a tha fios againn, b’ e an leabhar seo cuideachd toiseach tòiseachaidh iongantach do Shomhairle a tha an-diugh air fhaicinn, chan ann a-mhàin mar phrìomh bhàrd nan Gàidheal, ach cuideachd mar aon de shàr bhàird Alba agus na Roinn Eòrpa air fad.

Tha fiosrachadh leithid seo a’ toirt co-theacsa don phìos bàrdachd. Tha e cudromach cuideachd gum biodh fios aig sgoilearan air beagan mu chogadh na Spàinn air a bheil am bàrd a’ toirt iomradh. B’ e cogadh catharra a bha seo a thòisich ann an 1936 an uair a bha cuid anns an Spàinn a’ feuchainn ri iad fhèin a dhìon bho nàiseantaich Franco. Dh’fhaodadh na sgoilearan fhèin beagan rannsachaidh a dhèanamh air a’ chogadh seo. Chan fheumadh iad a dhol ro dhomhainn ann. Bhiodh e cudromach cuideachd gum biodh tuigse aca air mar a bha daoine aig an àm a’ faireachdainn mu dheidhinn a bhith a’ dol a shabaid airson adhbhar(an) a bha iadsan a’ meas cudromach. Bha Somhairle air a bheò-ghlacadh le poilitigs sòisealach anns na 1930an, agus ged a bha e gu mòr airson a dhol a shabaid an aghaidh Franco gu saor-thoileach, airson iomadh adhbhar cha robh sin comasach dha agus chì sinn e a’ caoidh sin gu mòr anns a’ bhàrdachd seo.

Gu tric tha gaol agus cogadh air an ceangal còmhla ann am bàrdachd agus sin mar a tha e anns **An Roghainn**. Bidh e inntinneach a bhith a’ beachdachadh air an dòigh sònraichte, fheallsanachail anns a bheil iad air an ceangal an seo.

Eisimpleirean de cheistean a dh'fhaodhadh togail orra a thaobh na bàrdachd seo leis na h-oileanaich.

- Càit an robh am bàrd a' coiseachd agus cò ris a bha e a' bruidhinn? Dè an seòrsa faireachdainn, smaoin, ceist a tha a' chiad rann seo a' dùsgadh annad?
- Carson a tha thu a' smaoineachadh a bha e a' cumail a thuigse no a reusan air leth bhuaithe fhèin?
- Dè a' cheist a dh'fhaighnich a reusan dha agus ciamar a chanadh tu a chaidh a' cheist fhaighneachd?
- Ciamar a chanadh tu a fhreagair am bàrd a' cheist?
- Carson a tha thu a' smaoineachadh a chleachd am bàrd an innleachd sgrìobhaidh seo? A bheil thusa dhen bheachd gu bheil an stoidhle fheallsanachail seo ag obair an seo – duine a' bruidhinn ri reusan airson freagairtean fhaighinn do cheistean/smaointean a tha a' dèanamh dragh dha?
- Ciamar a bhios tusa mar as trice a' reusanachadh riut fhèin? Am bi thu a' bruidhinn riut fhèin? No an fheàrr leat bruidhinn ri cuideigin eile mu dheidhinn?
- Carson, nad bheachd-sa, nach robh am bàrd airson bruidhinn ri cuideigin eile agus a chaidh e leis fhèin sìos ri taobh a' chladaich? Saoil, carson an cladach?
- Carson a tha thu a' smaoineachadh a chleachd am bàrd am facal *reubte* ann an rann 3? An smaoinich thusa air facal eile a dh'fhaodadh e bhith air a chleachdadh? Am biodh am facal agadsa cho làidir ri facal a' bhàird?
- Chleachd e am facal *dàin* ann an rann 5. Dè an dà chiall a th' aig an fhacal *dàn*? Carson a tha an dà chiall freagarrach an seo nad bheachd-sa?
- Dè na diofar fhaclan/shamhlaidhean a tha e a' cleachdadh airson Eimhir a mhìneachadh? Dè tha iad a' ciallachadh agus dè tha a' chiall aca ag innse dhuinn a thaobh mar a bha e a' faireachdainn mu deidhinn?
- Dè am faireachdainn a tha thusa a' smaoineachadh a tha a' tighinn troimhe gu làidir ann an rann 5? Carson a bha am bàrd

a' faireachdainn cho ciontach? An do dh'fhairich thusa riamh ciontach mu rud sam bith a rinn no nach do rinn thu? Ciamar a tha thu a' faireachdainn an uair a tha thu ciontach de rudeigin?

- Ann an rann 5 dè tha *bàs croinn-ceusaidh* a' ciallachadh? An canadh tu gur e samhla math a th' ann? Carson a tha e ga chleachdadh an seo?
- Ciamar a chanadh tusa a tha am bàrd a' faireachdainn mu dheidhinn fhèin ann an rann 6? Dè na faclan a tha e a' cleachdadh airson na faireachdainnean seo a chur an cèill? Dè cho freagarrach agus a tha iad?
- A bheil thusa a' smaoinichadh gum biodh Eimhir air a phòsadh nam biodh e air a dhol a shabaid? Am biodh sin cudromach dhith nad bheachd-sa?
- Dè dh'fhaodadh a bhith air tachairt dha nam biodh e air a dhol don Spàin?
- Tha e a' cleachdadh an fhacail *roghainn* anns an rann mu dheireadh. 'S e seo tiotal na bàrdachd. Bheil thusa a' smaoinichadh gur e tiotal math a tha seo? Carson a tha no nach eil? Dè na diofar roghainnean a bh' aige? An robh àm sam bith nad bheatha-sa an uair a bha roghainn doirbh agad ri dhèanamh? Ciamar a dh'fhairich thu?
- Aig àm sam bith an canadh tusa gun robh am bàrd feargach le mar a thachair dha fhèin agus Eimhir? An do chuir e a' choire oirre aig àm sam bith? An canadh tu gun robh e feargach rithe airson fhàgail? Dè tha a' toirt ort a bhith a' smaoinichadh mar seo?
- Chanadh cuid gu bheil dà chogadh a' gabhail àite anns a' bhàrdachd seo? An aontaicheadh tu riutha? Carson?
- Dè am faireachdainn no na faireachdainnean as làidire a tha a' tighinn troimhe dhutsa anns a' phìos bàrdachd seo?
- Dè lorgas tu anns a' bhàrdachd seo a thaobh shamhlaidhean, ìomhaighean, uaim, fuaimealas?
- Dè an seòrsa ruitheam a th'aig a' bhàrdachd seo? A bheil i coltach ri nua-bhàrdachd no bàrdachd thraidiseanta? No an dà chuid? Dè tha a' toirt ort a bhith a' smaoinichadh mar seo?
- A bheil seo coltach ri bàrdachd sam bith eile a tha thu air a dhèanamh gu ruige seo? Ciamar a tha no nach eil?

## *Latha Foghair le Somhairle MacGill-Eain*


Tha e inntinneach an uair a nochd an leabhar **Dàin do Eimhir** ann an 1943 gun robh Somhairle aig an àm sin anns an ospadal an dèidh a bhith air a leòn aig Blàr El Alamein ann an 1942 agus e na shaighdear anns an dara cogadh. Rè nam bliadhnaichean anns an dara cogadh, chaidh a leòn trì tursan. 'S ann rè an àm anns an dara cogadh, nuair a bha e an Afraga, a sgrìobh e a' bhàrdachd cogaidh **Am Foghar**. B' e a' chiad pìos a sgrìobh e **Glaic a' Bhàis**. Sgrìobh e e anns an Èipheit agus nam biodh ùine ann, dh'fhaodadh na sgoilearan coimhead ris a' bhàrdachd seo cuideachd oir 's e fìor phìos bàrdachd cogaidh math a th' ann agus, mar **Latha Foghair** is urrainn coimeas a dhèanamh eadar **An Roghainn** agus a' bhàrdachd a sgrìobh e nuair a chaidh e don chogadh.

An deidh beachdachadh air mar phìos bàrdachd b' urrainn togail air na puingeann a leanas cuideachd:

- Cha robh roghainn aig a' bhàrd a thaobh A' Chogaidh Mhòir mar a bh' aige airson cogadh na Spàinn; dh'fheumadh e falbh a shabaid. A rèir choltais, agus mar a bhiodh dùil, rinn e sin gu deònach. An dèidh na bàrdachd seo a leughadh, saoil a-nise a bheil e a' faireachdainn cho ciontach agus a bha e anns **An Roghainn**? Carson a tha thu a' smaoinichadh seo?
- Ma bha ciont idir air, dè an ciont a bhiodh ann na do bheachd-sa?
- A' cuimhneachadh gun do nochd an leabhar **Dàin do Eimhir** mun aon àm agus a bha e anns an ospadal le leòintean an dara cogaidh, ciamar a tha thu a' smaoinichadh a tha e a' faireachdainn a-nise mu na beachdan a bh' aige mu dheidhinn fhèin anns **An Roghainn**?
- Anns an rann mu dheireadh tha e a' cleachdadh an fhacail Taghadh agus tha e a' cur T mhòr air. Carson a tha sin, saoil?
- A' cuimhneachadh gur e an **An Roghainn** an tiotal a thug e air a' phìos bàrdachd mu chogadh na Spàinn carson saoil, nach tug e An Taghadh mar thiotal air a' phìos seo an dèidh cuideam a chur air an fhacal?

- Dè tha an dà fhacal a' ciallachadh? A bheil mòran diofar eatarra ann an ciall?
- Carson a tha thusa a' smaoinichadh a thug e **Latha Foghair** mar thiotal air?
- Dè am faireachdainn as làidire a chanadh tusa a tha a' tighinn troimhe ann an **Latha Foghair**?
- Beachdaich air cho eadar-dhealaichte agus a tha an dà phìos bàrdachd a thaobh ruitheam agus stoidhle. Saoil carson a tha e cho eadar-dhealaichte?

Bhiodh pìos rosg mar **Bùrn le Iain Mac a' Ghobhainn** glè fhreagarrach coimhead air an lùib bàrdachd mar **Glaic a' Bhàis**.



# Buidheann- Obrach Air Bàrdachd

*le  
Mairead NicIomhair*

# Na Dàin

## Srath Nabhair

Anns an adhar dhubh-ghorm ud,  
àirde na sìorraidheachd os ar cionn,  
bha rionnag a' priobadh rinn  
's i freagairt mireadh an teine  
ann an cabair taigh m' athar  
a' bhliadhna thugh sinn an taigh le bleideagan sneachda.

Agus siud a' bhliadhna cuideachd  
a shlaod iad a' chailleach don t-sitig,  
a shealltainn cho eòlach 's a bha iad air an Fhìrinn,  
oir bha nid aig eunlaith an adhair  
(agus cròthan aig na caoraich)  
ged nach robh àit aice-se anns an cuireadh i a ceann fòidhpe.

A Shrath Nabhair 's a Shrath Chill Donnain,  
is beag an t-iongnadh ged a chinneadh am fraoch àlainn oirbh,  
a' falach nan lotan a dh'fhàg Pàdraig Sellar 's a sheòrsa,  
mar a chunnaic mi uair is uair boireannach cràbhaidh  
a dh'fhiosraich dòrainn an t-saoghail-sa  
is sìth Dhé na sùilean.



### *Ruaraidh MacThòmais (1921 - )*

Rugadh e ann am Pabail san Rudha ann an Leòdhas. Fhuair e oideachadh ann an Sgoil Phabail, Àrd-sgoil MhicNeacail agus Oilthighean Obar Dheathain, Ghlaschu agus Chambridge. Bha e ann am Feachd Rìoghail an Adhair eadar 1941-45. Bha e na Àrd-ollamh ann an Roinn na Ceiltis ann an Oilthigh Ghlaschu mus do leig e dheth a dhreuchd.


## Do Mo Mhàthair

Bha thus' a' sgoltadh sgadain  
ann an Yarmouth fad air falbh  
's a' ghrian shailt sa mhadainn  
ag èirigh às a' chuan  
's an fhuil air oir do sgine  
's an salainn ud cho garbh  
's gun thachd e thu o bhruidhinn  
's gun robh do bhilean searbh.

Bha mis' an Obar Dheathain  
a' deoghal chùrsan ùr',  
mo Ghàidhlig ann an leabhar  
's mo Laideann aig an stiùir  
nam shuidh' an siud air cathair  
's mo chofaidh ri mo thaobh  
is duilleagan a' crathadh  
siùil na sgoilearachd 's mo thùir.

Tha cionta ga mo lèireadh  
mar a dh'èirich 's mar a thà.  
Cha bu chaomh leam a bhith 'g èirigh  
ann an doilleireachd an là,  
bhith a' sgoltadh 's a bhith reubadh  
iasg na maidne air an tràigh  
's am muir borb ud a bhith beucadh  
sìos mo mhiotagan gun tàmh.

Ged a nì mi sin nam bhàrdachd  
's e m' fhuil fhìn a th' air mo làimh,  
's gach aon sgadan thug an làn dhomh  
a' plogartaich gu'n dèan mi dàn,  
's an àite cùbair tha mo chànan  
cruaidh is teann orm a-ghnàth  
is an salann garbh air m' fhàinne  
a' toirt beòthalachd don bhàs.



*Iain Crichton Mac  
a' Ghobhainn  
(1928-1998)*

Rugadh e air 1 Faoilleach  
1928 ann an Glaschu.  
Fhuair e oideachadh  
ann an Sgoil Phabail,  
Àrd-sgoil MhicNeacail,  
Oilthigh Obar Dheathain,  
Colaiste Chnoc Iòrdain,  
Glaschu. Bha e na  
thidsear fad iomadh  
bliadhna.

## An Roghainn

Choisich mi cuide ri mo thuigse  
a-muigh ri taobh a' chuain;  
bha sinn còmhla ach bha ise  
a' fuireach tiotan bhuam.

An sin thionndaidh i ag ràdha;  
A bheil e fìor gun cual'  
thu gu bheil do ghaol geal àlainn  
a' pòsadh tràth Diluain?


Bhac mi 'n cridhe bha 'g èirigh  
nam bhroilleach reubte luath  
is thubhairt mi: Tha mi cinnteach;  
carson bu bhriag e bhuam?

Ciamar a smaoinichinn gun glacainn  
an rionnag leugach òir,  
gun beirinn oirre 's gun cuirinn i  
gu ciallach na mo phòc.

Cha d' ghabh mise bàs croinn-ceusaidh  
ann an èiginn chruaidh na Spàinn,  
is ciamar sin bhiodh dùil agam  
ri aon duais ùir an dàin?

Cha do lean mi ach an t-slighe chrìon  
bheag ìosal thioram thlàth  
is ciamar sin a choinnichinn  
ri beithir-theine ghràidh?

Ach nan robh 'n roghainn rithist dhomh  
's mi 'm sheasamh air an àird,  
leumannn à nèamh no iutharna  
le spiorad 's cridhe slàn.



*Somhairle Mac Gill-Eain  
(1911-1996)*


Rugadh e ann an Osgaig,  
Eilean Ratharsair. Fhuair  
e oideachadh ann am  
Bun-sgoil Ratharsair, Àrd-  
sgoil Phort-rìgh, Oilthigh  
Dhùn Èideann  
agus Colaiste Moray  
House, Dùn Èideann. Bha  
e na thidsear airson  
a' mhòr-chuid dhe  
bheatha. Tron chogadh,  
bha e eadar Sasainn agus  
An Èipheit gus an deach a  
leòn aig Blàr El Alamein  
ann an 1942.

## Clann-nighean an Sgadain

An gàire mar chraiteachan salainn  
ga fhroiseadh bho 'm bial,  
an sàl 's am picil air an teanga,  
's na miaran cruinne, goirid a dheanadh giullachd,  
no a thogadh leanabh gu socair, cuimir,  
seasgair, fallain,  
gun mhearachd,  
's na sùilean cho domhainn ri fèath.

B' e bun-os-cionn na h-eachdraidh a dh'fhàg iad  
nan tràillean aig ciùrairean cutachd,  
thall 's a-bhos air Galltachd 's an Sasainn.  
Bu shaille an duais a thàrr iad  
às na mìltean bharraillean ud,  
gaoth na mara geur air an craiceann,  
is eallach a' bhochdainn nan ciste,  
is mara b' e an gàire  
shaoileadh tu gun robh an teud briste.

Ach bha craiteachan uaille air an cridhe,  
ga chumail fallain,  
is bheireadh cutag an teanga  
slisinn à fanaid nan Gall –  
agus bha obair romhpa fhathast  
nuair gheibheadh iad dhachaigh,  
ged nach biodh maoin ac':  
air oidhche robach gheamhraidh,  
ma bha siud an dàn dhaibh,  
dhèanadh iad daoine.



*Ruairidh MacThòmais  
(1921 - )*

Rugadh e ann am  
Pabail san Rudha ann  
an Leòdhas. Fhuair  
e oideachadh ann an  
Sgoil Phabail, Àrd-  
sgoil MhicNeacail  
agus Oilthighean Obar  
Dheathain, Ghalschu agus  
Chambridge. Bha e ann  
am Feachd Rìoghail an  
Adhair eadar 1941-45.  
Bha e na Àrd-ollamh ann  
an Roinn na Ceiltis ann  
an Oilthigh Ghlaschu  
mus do leig e dheth a  
dhreuchd.


## Naoi Ceud Deug 's a Ceithir Deug

Nuair bhiodh òganaich cruinn  
Dhèanta grìosach bhuntàt',  
“Siùdaibh, seasaibh”, siud chluinnt',  
“Ach am faic sinn eil àird  
A' mhailisidh nis oirnn –  
'S gu Fort Dheòrs thèid ma tha,  
A' mhailisidh an rìgh.”

Dh'fhalbh mo ghràdh-sa Dimàirt  
Do mhailisidh Fort Dheòrs',  
Fèileadh-beag 's seacaid bhàn  
Air bidh 'n àit' pheitein-mhòir  
'S briogais thartain ghlan gheàird  
Air an àit' na tè chlò  
Am mailisidh an rìgh

“Cha bhi uat mi ach ràith,”  
Thuirt e 'n sgàth bhlàth na cruaidh –  
“Bidh mi còmh' riut, a ghràidh,  
Mun tig càch às a' Bhruaich;  
'S dòch' gum feuch mi mo làmh  
Ann an gàrraidhean Chluaidh  
Ma bhios rigears gan dìth.”

Sheòl i, Sile nan stuagh,  
'S mòran sluaigh innt' air bòrd,  
Cuid gu iasgach na Bruaich  
'S cuid gu Sealtainn nan òb;  
'S cuid a' falbh mar mo luaidh,  
A' chiad uair a Fort Dheòrs'  
A mhailisidh an rìgh.



*Murchadh MacPhàrlain  
(1901-1982)*

Bhuineadh e do  
Mhealabost ann an  
Leòdhas. Fhuair e  
oideachadh ann an Sgoil  
a' Chnuic, Leòdhas.  
Rinn e seirbheis nàiseanta  
eadar 1942 agus 1945.

## Òran a' Phuinnsein

Fhearaibh, a bheil cuimhn' agaibh  
An là thàinig am puinnsean oirnn,  
Nar seasamh anns na truinnsichean  
'S gun nì ann gus ar còmhdach?

Ò, nach beag a shaoileamaid  
Gun tigeadh nì às ùr oirnn,  
An sruth tha ruith or sùilean,  
'S sinn a' cùilearachd 's a' crònan.

Cha robh nì gu teanacsadh dhuinn  
Ach làmh thoirt air an t-searbhadair,  
'S a cheangal gus nach fhalbhadh e  
Gu dearbhte mu ar srònan.

Cha shaoileamaid san àm bha siud  
Gun robh am bàs cho teann oirnn;  
Ar leamsa gur e meall a bh' ann  
Nuair theann e nall air còmhnard.

Sabaid 's cath cha dèanamaid,  
Ged nochdadh iad am fianais dhuinn;  
Bha na deòir cho deuchainneach,  
'S chan fhaicinn leus ach neònach.

Nam faighinn mar bu mhiannach leam,  
Dhan Ghearmailt gum b' e m' iarratas –  
'S e teine thighinn on iarmailt oirr';  
Ga leaghadh sìos gun tròcair.



*Dòmhnall Ruadh  
Choruna (1887-1967)*

Rugadh e ann an Uibhist  
a Tuath agus fhuair e  
oideachadh ann an Sgoil  
Chàirinis, ann an Uibhist.  
Chaidh e dhan Mhailisidh  
nuair a bha e 17. Bha e  
ann an Rèiseamaid nan  
Camschronach nuair a  
thòisich An Cogadh Mòr  
ann an 1914. Chaidh a  
leòn aig Blàr an Somme  
ann an 1916.

## Na h-Eilthirich

A liuthad soitheach a dh'fhàg ar dùthaich  
le sgiathan geala a' toirt Chanada oirre.  
Tha iad mar nèapaigearan nar cuimhne  
's an sàl mar dheòirean,  
's anns na croinn aca seòladairean a' seinn  
mar eòin air gheugan.  
Muir a' Mhàigh ud gu gorm a' ruith,  
gealach air an oidhche, grian air an latha,  
ach a' ghealach mar mheas buidhe,  
mar thruinnsear air balla,  
ris an tog iad an làmhan,  
no mhar mhagnait airgeadach  
le gathan goirte  
a' sruthadh don chridhe.



*Iain Crichton Mac  
a' Ghobhainn  
(1928-1998)*

Rugadh e air 1 Faoilleach  
1928 ann an Glaschu,  
ach ghluais an teaghlach  
a Leòdhas nuair a bha e  
òg. Fhuair e oideachadh  
ann an Sgoil Phabail,  
Àrd-sgoil MhicNeacail,  
Oilthigh Obar Dheathain,  
Colaiste Chnoc Iòrdain,  
Glaschu. Bha e na  
thidsear fad iomadh  
bliadhna.

## Latha Foghair

'S mi air an t-slios ud  
latha foghair,  
na sligean a' sianail mum chluasan  
agus sianar marbh ri mo ghualainn,  
rag-mharbh – is reòta mur b' e 'n teas –  
mar gum b' ann a' fuireach ri fios.


Nuair thàinig an sgrìach  
a-mach às a' ghrèin,  
à buille 's bualadh do-fhaicsinn,  
leum an lasair agus shreap an ceathach  
agus bhàrc e gacha rathad:  
dalladh nan sùl, sgoltadh claidinn.

'S na dhèidh, an sianar marbh,  
fad an latha;  
am measg nan sligean san t-sranraich  
anns a' mhadainn,  
agus a-rithist aig meadhan-latha  
agus san fheasgar.

Ris a' ghrèin 's i cho coma,  
cho geal cràiteach;  
air a' ghainmhich 's i cho tìorail  
socair bàidheil;  
agus fo reultan Afraga,  
's iad leugach àlainn.

Ghabh aon Taghadh iadsan  
's cha d' ghabh e mise,  
gun fhaighneachd dhinn  
cò b' fheàrr no bu mhiosa:  
ar leam, cho diabhlaidh coma  
ris na sligean.

Sianar marbh ri mo ghualainn  
latha foghair.



*Somhairle Mac Gill-Eain  
(1911-1996)*

Rugadh e ann an Osgaig,  
Eilean Ratharsair. Fhuair  
e oideachadh ann am  
Bun-sgoil Ratharsair, Àrd-  
sgoil Phort-rìgh, Oilthigh  
Dhùn Èideann  
agus Colaiste Moray  
House, Dùn Èideann.  
Bha e na thidsear airson  
a' mhòr-chuid dhe  
bheatha. Tron chogadh,  
bha e eadar Sasainn agus  
An Èipheit gus an deach a  
leòn aig Blàr El Alamein  
ann an 1942.

## Bàs baile

Chaidh am fuadach gu cùl a' chladaich  
is shlaod iad bith-beò à talamh creagach.  
Ged bha muir fiadhaich, bha tràigh fialaidh  
is dh'fhàs na balaich mòr.

An dràst' 's a-rithist  
thigeadh cairteal tombac'  
is leth-bhotal uisge-bheath'  
agus gu 'm màthair bogsa  
le aodach aost' mì-fhreagarrach  
bho Chomann còir nam Ban Uasal.

Sgrìobh i litir,  
toirt taing am Beurla bhriste  
gu mnathan a' bhaile mhòir.  
Aig ceilidh an Dùn Èideann  
chaidh a leughadh 's rinn iad fanoid.  
's thuirte mnathan uaisle le gàire,  
Cuiridh sinn thuic' bogsa  
seann aodaich eile  
agus gheibh sinn litir èibhinn  
le tuilleadh dibhearsain.

Is ràinig bogsa sàbhailt'  
baile cùl-a'-chladaich:  
gùn is seacaid saighdeir,  
briogais ic còta minister,  
b' e rud e airson cur bhuntàta!  
Dh'fhalbh litir am Beurla bhriste  
is rinn uaislean a' bhaile mhòir gàir'.

Thàinig Bìoball teaghlaich Gàidhlig  
is searmoinean Spurgeon le litir dhiadhaidh  
ag iarraidh orr' bhith riaraidh'  
leis na nithean bha làthair.



*An t-Urr Iain MacLeòid  
(1918-1995)*

Rugadh e ann an Àrnol  
an Leòdhas. Chaidh  
athair às an rathad  
air an Iolaire. Fhuair  
e oideachadh ann an  
Àrd-sgoil MhicNeacail  
agus ann an Oilthigh  
Ghlaschu. Chuir e  
seachad trì bliadhna  
eadar 1940-43 air HMS  
Ganges agus HMS  
Eglinton. An dèidh sin,  
bha e na mhinistear ann  
an Canada agus ann an  
Dùn Èideann, agus an  
uair sin san Òban eadar  
1967 agus 1983.

Mo ghràdh-sa òigridh ar là  
nam fiasaig dhùint' bho chluais gu cluais.  
Mun d' ràinig na balaich againn aois fiasaig  
no aois smaoineachaidh  
dh'èigh iad Cogadh  
is chaidh am marbhadh anns an Fhraing.  
Bha 'm murt ud laghail.

A' chuid dhiubh a thàrr às,  
fhuair an fhairge iad a' tilleadh dhachaigh  
agus dh'fhàg i na cuirp air an tràigh  
's b' e marbh-phaisg fhuair an fheamainn.

A' chuid a thill leòinte 's beò,  
cha robh gam feitheamh ach geallaidhean briste –  
bàtaichean is lìn a' breothadh,  
iasg gu leòr sa chuan gun comas thoirt às.  
Bhuain iad mòine, chuir iad buntàta  
is chaidh le crodh gu àirigh  
is dh'fhàs cnàmhan briste làidir.

Cur seachad oidhche gheamhraidh  
chaidh na balaich chun an taigh-sgoile  
a dh'fhaicinn dealbhan mu Chanada  
le 'magic lantern'. Dè 'n cron a bh' ann?  
Is chunnaic iad crodh am feur gu 'n cluasan,  
caileag bhòidheach 's a h-uchd air geat  
le fiamh a' ghàir' is sràbh na bial,  
is chaidh iad dhachaigh 'g ràdh, Tha sinne falbh.  
Thuirt a' chlann-nighean, Thà is sinne.

Lìon gach màthair ciste le aodach blàth  
airson talamh fuar, is Bìoball anns gach seotal.  
An oidhch' a dh'fhalbh iad  
dhìrich sinn an cnoc a b' àirde  
is shuidh sinn gun fhocal, sàmhach,  
gus an deach às ar sealladh  
solas crann-àrd a' Mhàrloch.  
Sin thòisich glaodh taigh-fhaireadh  
aig tiodhlacadh dhaoine beò.  
An oidhch' ud bhàsaich am bail' againn.